

## **GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 4mh dhen DÀMHAIR 2020**

Ùrnaigh aig 7f

Tha sinn fhathast air turas air a bheil a h-uile rud a' sìor atharrachadh. Bidh rudan a' tachairt, agus cha bhi fhios againn, ma dh'fhaoidte fad àm fada, an robh iad cudromach, no na bha iad a' ciallachadh. Chan eil iad fhathast soilleir dar tuigsinn. Cha deach eachdraidh ar latha a sgrìobhadh fhathast, chan eil e againn ri leughadh. Ach bidh làithean a' ghalair a' dealbhadh eachdraidh ar latha ann an dòighean nach gabh an tuigsinn fhathast.

Bha turas sluagh Israeil mu leughas sinn ann an Leabhar Ecsoduis gan toirt a dh'iomadh àite agus tachartas a bha cudromach. Nam measg, bha an turas do shliabh Shinai far an d'fhuair iad àitheantan an Tighearna, na deich àitheantan a tha aig cridhe sgeulachd Leabhar Ecsoduis. Tha am pàirt seo dhen sgeulachd a' tòiseachadh le cuimhneachadh gur e an Tighearna, Dia an t-sluaigh, a shaor iad. An dèidh sin, thig na h-àitheantan, a' dealbhadh òrdugh beatha coimhearsnachd Israeil. (Ecsodus 20: 1 - 4, 7 - 9, 12 - 20). Anns na làithean doirbh seo, cuimhneachamaid gur e an Tighearna ar Dia a shaoras sinn, agus a dheònaicheas dhuinn beatha agus dòchas gum blàthaich ar coimhearsnachdan a-rithist.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna ar Dia,  
Tha sinn a' cuimhneachadh gur tusa an Tì a tha romhainn air an t-slighe.  
Mar a rinn thu siubhal maille rinn anns na làithean a dh'fhalbh,  
dèan siubhal maille rinn an-diugh,  
bith maille rinn, do shluagh, anns gach càs.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Tha sinn a' cuimhneachadh gur tusa an Tì a dheònaicheas beatha  
dhaibh uile a ghairmeas ort.  
Tha sinn a' gairm ort a-nis,  
le earbsa gum freagair thu sinn aig àm do thoile fhèin.  
A Thighearna, na do throcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Tha sinn a' cuimhneachadh gur tusa an Tì a labhras ri do shluagh  
agus a dheònaicheas dhaibh facal na beatha.  
Labhair rinn an-diugh led fhacal,  
deònaich dhuinn beatha agus dòchas as ùr.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Tha sinn a' cuimhneachadh gu bheil thu tròcaireach agus gràs-mhor,  
agus gu bheil thu làn gràidh.

Deònaich dhuinn tuigse agus comas gus faclan comhfhurtachd a labhair,  
agus gliocas gus faclan dòchais a labhair.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Tha sinn a' cuimhneachadh gu bheil do Mhac a' toirt dhuinn cuireadh gràdh a thoirt dhut,  
le cridhe agus anam agus inntinn,  
agus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinn fhèin.  
Deònaich dhuinn gràs gus sin a dhèanamh anns na làithean seo.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair,
- Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais  
Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann  
an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)